



# Leabharlann Sabhal Mòr Ostaig



## Leabhar-làimhe Oileanach 2010-2011



## Leabharlann an t-Sabhail Mhòir

Tha taghadh farsaing de ghoireasan ri fhaotainn ann an Leabharlann na Colaiste, a' gabhail a-staigh leabhraichean is irisean, bhideothan, DVDan is CD-ROMan. Buinidh cuid dhiubh don chùrsa agad ach tha an t-uabhas eile ri fhaicinn cuideachd, mar phàipearan-naidheachd agus goireasan fiosrachaidh. Tha Cruinneachaidhean Sònraichte fa-leth anns an Leabharlann. Tha Cruinneachadh MhicCarraig againn, a chaidh a chruinneachadh leis an fhear as ainmeile ann an cruinneachadh leabhraichean na Gàidhlig, Dòmhnall MacCarraig, a tha air fear de na cruinneachaidhean as fheàrr de leabhraichean a thaobh na Gàidhlig is na Gàidhealtachd a tha ann. An taca ri sin, tha cruinneachadh eireachdail eile againn, An Cruinneachadh Celtica, a b' àbhaist a bhith air a ghlèidheadh ann an Leabharlann Abaid Chille Chuimein.

Tha na seirbheisean a leanas rim faotainn san Leabharlann:

- leabhraichean air iasad;
- goireasan sgrùdaidh is rannsachaidh;
- computairean rin cleachdadh;
- lethbhreacadair;
- iasadan eadar leabharlannan;
- feòrachadh agus sgilean fiosrachaidh.

Feumaidh oileanaich **foirm-clàraidh a lionadh** airson na seirbheisean-iasaid a chleachdadh agus feumaidh gach ball riaghailtean an Leabharlainn a leantainn.

### Uairean-Fosglaidh

	Tron latha	Air an oidhche
Diluain – Diardaoin	9m – 5f	5.30f – 8.30f
Dihaoine	9m – 5f	Dùinte
Disathairne & Didòmhnaich	Ri dhearbhadh fhathast	Dùinte

*Thèid sanas a chur air doras an Leabharlainn agus a sgaoileadh air post-dealain Groupwise, le atharrachaidhean sam bith a dh'èireas.*

### Làrach-lìn an Leabharlainn

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh le bhith a' coimhead air Làrach-lìn na Colaiste:

[www.smo.uhi.ac.uk/gd/leabharlann/](http://www.smo.uhi.ac.uk/gd/leabharlann/)

Tha an Leabharlann na phàirt de Sheirbheis-leabharlainn Institiùd OGE nam Mìle Bliadhna agus, mar sin dheth, gheibh oileanaich stèidhichte aig gach làraich cothrom na seirbheisean a leanas a chleachdadh:

Seirbheis Leabharlainn Institiùd OGE: <http://www.uhi.ac.uk/home/libraries>

Catalog air Loidhne Institiùd OGE - <http://libcat.uhi.ac.uk>

Goireasan Dealanach SMO - [www.smo.uhi.ac.uk/Foghlam/Leabharlann/didseatach\\_gd.html](http://www.smo.uhi.ac.uk/Foghlam/Leabharlann/didseatach_gd.html)

Goireasan Dealanach OGE - [www.uhi.ac.uk/uhi/uhi\\_library/electronic-resources](http://www.uhi.ac.uk/uhi/uhi_library/electronic-resources)

Tha iomadh seann leabhar Gàidhlig ri fhaicinn an asgaidh air an làraich-lìn Internet Archive:

<http://www.archive.org/>

Tha seann phàipearan-deuchainn na Colaiste rim faighinn air làraich-lìn an Leabharlainn:

[www.smo.uhi.ac.uk/Foghlam/Leabharlann/deuchainnean\\_gd.html](http://www.smo.uhi.ac.uk/Foghlam/Leabharlann/deuchainnean_gd.html)

Tha an t-inntrigeadh air loidhne ri fhaicinn aig:

[www.smo.uhi.ac.uk/gd/leabharlann/Inntrigeadh%20Leabharlainn%202009-10.pdf](http://www.smo.uhi.ac.uk/gd/leabharlann/Inntrigeadh%20Leabharlainn%202009-10.pdf)

## Sabhal Mòr Ostaig Library

You will find a wide range of material in the Library, from books and periodicals to videos, DVDs and CD-ROMs. Many will relate to your course but there are also items of general interest including daily newspapers and reference materials. The Library also has outstanding Special Collections. The MacCormick Collection, the lifetime's work of the pre-eminent antiquarian bookseller and collector Donald MacCormick, is one of the finest collections of antiquarian Gaelic and Highland related books in existence. This is complemented by the Celtica Collection, another fine selection of Celtic Studies material which was formerly held in the Fort Augustus Abbey Library.

The following services are available:

- resource lending and reference collections;
- study facilities and computer access;
- photocopier;
- inter-library loans;
- enquiries and information skills.

Students must **complete a registration form** in order to use the lending services and students must abide by the rules of the Library.

### Opening Hours

	Daytime	Evening
Monday – Thursday	9 am – 5 pm	5.30 pm – 8.30 pm
Friday	9 am – 5 pm	Closed
Saturday & Sunday	To be confirmed	Closed

*Information on Library opening hours will be posted on the Library door and circulated by Groupwise email.*

### Library Website

For more information, see the Library website:

<http://www.smo.uhi.ac.uk/en/leabharlann/index.php>

The Library is part of the UHI Millennium Institute Library Service and students at each site have access to:-

UHI MI networked library services at <http://www.uhi.ac.uk/uhi/library>

The UHI Millennium Institute Online Catalogue at <http://libcat.uhi.ac.uk>

SMO Electronic Resources - [www.smo.uhi.ac.uk/Foghlam/Leabharlann/didseatach\\_en.html](http://www.smo.uhi.ac.uk/Foghlam/Leabharlann/didseatach_en.html)

UHI Electronic Resources at <http://www.uhi.ac.uk/home/libraries/electronic-resources>

Many antiquarian Gaelic books are now freely available on the Internet Archive website:

<http://www.archive.org/>

The College's past papers are available on the Library website:

[www.smo.uhi.ac.uk/gd/leabharlann/deuchainnean/](http://www.smo.uhi.ac.uk/gd/leabharlann/deuchainnean/)

The Library's online induction is available at:

[www.smo.uhi.ac.uk/gd/leabharlann/Inntrigeadh%20Leabharlann%202009-10.pdf](http://www.smo.uhi.ac.uk/gd/leabharlann/Inntrigeadh%20Leabharlann%202009-10.pdf)

## Iasadan

### Cia mheud rud a dh'fhaodas mi fhaighinn air iasad?

	Cia mheud rud?	Iasad àbhaisteach
Fo-cheumaichean	12	4 seachdainean
Iar-cheumaichean agus Luchd-obrach	12	4 seachdainean
Daoine clàraichte mar oileanaich air Cùrsa-goirid aig SMO	3	5 làithean

- Faodaidh tu goireasan an Leabharlainn a thoirt a-mach, ach an dèidh cead fhaighinn bho luchd-obrach an Leabharlainn a-mhàin.
- Chan fhaod thu leabhraichean no eile a thoirt bho neach-cleachdaidh gu cuideigin eile, gun a bhith a' toirt an stuth air ais don Leabharlann anns a' chiad dol a-mach.
- Chan fhaod thu stuth bhon Roinn-Ghlèidhte a thoirt air falbh idir.
- Tha siostam-tèarainteachd an gnìomh anns an Leabharlann, agus tha còir aig an luchd-obrach iarraidh air luchd-cleachdaidh bagaichean, màilleidean, is a leithid, fhosgladh airson sgrùdadh.
- Tha bhideothan is DVDan rim faotainn air iasad airson seachdain a-mhàin, agus faodaidh sinn rud sam bith eile a chur air IASAD-GOIRID nuair a tha feum mòr air.
- Faodaidh tu rud air iasad ath-nuadhachadh suas gu trì tursan, mura h-eil neach eile ga iarraidh.
- Ma dh'fheumas an Leabharlann an rud air iasad fhaighinn air ais, thèid an rud a ghairm air ais, agus feumaidh tu a thoirt don Leabharlann taobh a-staigh seachdain.

## Cìsean

Feumaidh gach rud a fhuair thu air iasad a thoirt air ais don Leabharlann no ùrachadh ro dheireadh na h-ùine-iasaid. Thèid cìsean a chur mu choinneamh gach rud a tha fadalach, mar a leanas.

Iasad Àbhaisteach                      10sg gach latha airson gach rud, suas gu £5

Iasad Goirid                              £1 gach latha airson gach rud, suas gu £5

- Feumaidh tu pàigheadh airson stuth a thèid a chall no a mhilleadh.
- Chan fhaod thu stuth a bharrachd fhaighinn air iasad gus an tèid na cìsean a phàigheadh.

## Riaghailtean

Bidh a h-uile neach-cleachdaidh a' leantainn **Riaghailtean an Leabharlainn** fhad 's a tha e/i a' cleachdadh goireasan an Leabharlainn. 'S urrainn dhut sùil nas mionaidiche a thoirt air riaghailtean an Leabharlainn aig <G:\Leabharlann\Library Manual\Riaghailtean>

## Borrowing

### How many items may be borrowed?

	How many items?	Standard Loan
Undergraduates	12	4 weeks
Postgraduates & Staff	12	4 weeks
Students registered on SMO short-courses	3	5 days

- Library resources may only be removed from the Library after they have been issued to the user by Library staff.
- Books or other Library items borrowed by a user may not be transferred to another person without their first being returned to the Library.
- Reference material may not be removed from the Library at any time.
- A security system operates within the Library and staff reserve the right to ask users to open bags, cases etc. for inspection.
- Videos and DVDs are available on loan for a period of one week only and other items may be placed on SHORT LOAN at times of high demand
- An item may be renewed up to three times, if no other member requires that item.
- If the Library requires an item to be returned, the item will be recalled and must be returned within one week.

### Fines

Each item taken out on loan must be returned to the library or renewed by the end of the period of loan. Fines will be charged on each overdue item, as follows:

Standard Loan	10p per day per item up to a maximum of £5 in total
Short Loan	£1 per day per item up to a maximum of £5 in total

- Where a resource is lost or damaged, the borrower is liable for the replacement cost in full.
- No additional items may be borrowed until outstanding fines have been paid.

### Library Rules

By entering the Library and using Library resources all users agree to abide by the Rules and Regulations of the Library. The rules are displayed in the library and are available online at <G:\Leabharlann\Library Manual\Riaghailtean>

## A' lorg ghoireasan anns an Leabharlann

### Seòrsachadh Dewey

Tha na leabhraichean air an cur ann an òrdugh a rèir seòrsachadh Dewey.

100-199	Feallsanachd
200-299	Creideamh
300-399	Saidheans Sòisealta
400-499	Cànan
500-599	Saidheans
600-699	Teicneòlas
700-799	Na h-Ealain
800-899	Litreachas
900-999	Eachdraidh

Mura h-eil tiotal sònraichte agad is ma tha thu dìreach airson sùil aithghearr a thoirt air na sgeilpichean, dh'fhaodadh na comharraidhean-sgeilpe a leanas a bhith nan cuideachadh:

300	Saidheansan Sòisealta agus Sgilean Rannsachaidh
302.23	Na Meadhanan
306	Antroipeòlas / Rannsachadh Cultarail
370	Foghlam
390	Beul-aithris
491.63	A' Ghàidhlig
780	Ceòl
891.63	Litreachas na Gàidhlig
941.1	Eachdraidh na h-Alba

### Comharraidhean-sgeilpe

Tha comharra air druim gach leabhair air a bheil an Àireamh Dewey agus a' chiad trì litrichean de ainm an ùghdair.

Tha leabhraichean air an òrdachadh air na sgeilpichean a-rèir àireamh an toiseach agus an uair sin a-rèir sloinneadh an ùghdair.

791.  
42

DUN



Ach mura h-eil thu ach a' toirt sùil aithghearr air na leabhraichean, 's dòcha nach fhaic thu a h-uile rud a dh'fhaodadh a bhith feumail dhut. Cleachd catalog an Leabharlainn (Millennium) airson rudan a lorg. <http://libcat.uhi.ac.uk>

Tha **catalog chairtean** anns an Leabharlann airson goireasan a lorg cuideachd.

Faighnich do luchd-obrach an Leabharlainn airson cuideachaidh ma tha dad a dhìth ort.

# Finding resources in the Library

## Dewey Decimal Classification Scheme

Books are shelved by subject using the Dewey Decimal Classification Scheme.

100-200	Philosophy
200-300	Religion
300-400	Social Sciences
400-500	Language
500-599	Pure Sciences
600-699	Technology and Applied Sciences
700-799	The Arts
800-900	Literature
900-999	History

If you don't have a particular title in mind and you just want to browse the shelves, the following shelfmarks should be useful to you:

300	Social Sciences including Research Skills
302.24	Media
306	Social Anthropology / Cultural studies
370	Education
390	Folklore
491.63	Gaelic Language
780	Music
891.63	Gaelic Literature
941.1	Scottish History

## Shelfmarks

Each resource item has a spine label with shows the Dewey Number and the first 3 letters of the Author's surname.

Books are shelved first by number and then alphabetically by author surname.

791.  
42

DUN



However, if you just browse, you probably won't find everything that could prove useful to you. Use the Library catalogue (Millennium) to find resources. <http://libcat.uhi.ac.uk>

There is also a manual **card catalogue** in the Library to help you find resources.

Please ask a member of staff to help you if you cannot find what you are looking for.

## Còir Sgrìobhte Leabharlann Sabhal Mòr Ostaig

Bheirear sàr sheirbheisean seachad ann an com-pàirteachas le ar luchd-cleachdaidh. Tha an sgrìobhainn seo a' cur an cèill na nì an Leabharlann dhuibh fhèin agus mar a bheir sibh fhèin taic dhuinne ach an solaraich sinn na seirbheisean nas èifeachdaiche.

### Bidh an Leabharlann:

- a' cruinneachadh is a' stiùireadh a ghoireasan airson taic a chumail ri rannsachadh na Colaiste
- a' solar catalog de chruinneachaidhean a ghabhas cleachdadh air-loidhne
- a' solar cothrom cleachdadh nan goireasan don uimhir as motha de dhaoine a ghabhas
- a' cumail fiosrachaidh air na leabhraichean a th' agaibh air iasad
- a' solarachadh àite obrach a bhios freagarrach airson ur cuid rannsachaidh
- a' leasachadh phoileasaidhean is sheirbheisean a chumas taic ri leabharlann Gàidhlig airson: (1) oileanaich agus luchd-obrach an t-Sabhail Mhòir; (2) na coimhearsnachd ionadail; (3) agus luchd-cleachdaidh na Gàidhlig
- a' dèiligeadh le ur n-iartasan le meas agus miadh
- a' cumail taic ri leasachadh ur cuid sgilean fiosrachaidh
- a' solar an fhiosrachaidh as ùire air seirbheisean leabharlainn air an làraich-lìn againn
- a' freagairt ur ceistean an làrach nam bonn, air an fhòn, ann an litir no ann am post-d
- ag iarraidh agus a' freagairt ur beachdan air na seirbheisean againn

### Mar neach cleachdaidh bidh sibh fhèin:

- a' cumail ri riaghailtean an Leabharlainn
- eòlach air an Leabharlann an dèidh seisean inntrigidh no an dèidh inntrigidh air-loidhne agus an Leabhar-làimh a leughadh: <http://www.smo.uhi.ac.uk/gd/leabharlann/index.php>
- a' glèidheadh gu faiceallach nan rudan a fhuair a' chait air a' chairt agaibh agus gan tilleadh don Leabharlann mar bu chòir
- a' tilleadh no ag ùrachadh iasadan air no ron a' cheann-latha mar a thèid iarraidh oirbh
- a' tuigsinn nach eil na goireasan gun chrìch agus gum bi fèill mhòr orra air uaireannan
- a' cumail ris an riaghailt nach fhaod sibh leabhraichean a thoirt leibh gun chead agus nach fhaod sibh leabhraichean no uidheamachd an Leabharlainn a mhilleadh
- a' cumail sùil air na puist-d agaibh is a' toirt freagairt do iartasan an Leabharlainn
- modhail nuair a bhios sibh a' dèiligeadh le luchd-cleachdaidh is luchd-obrach an Leabharlainn
- a' toirt an aire gur e àiteachan obrach a tha anns an Leabharlann is a' Chomplann is cha bu chòir faram a bhith ann idir. Bu chòir fònaichean-làimh a bhith nan tosd
- a' toirt an aire gur e àite obrach Gàidhlig a tha anns an Leabharlann is a' Chomplann
- a' dèanamh cinnteach nach bi sibh ag òl no ag ithe san Leabharlann no sa Chomplann
- a' cumail ri laghan dlighe-sgrìobhaidh nuair a chleachdas sibh lethbhreacadairean, innealan deilbh agus coimpiutairean

## Sabhal Mòr Ostaig Library Charter

Quality services will be delivered in partnership with our users. This statement describes what the Library will do for you and also sets out what you can do to help us to deliver services more effectively.

### The Library will:

- collect and manage resources to support the College's study and research programmes
- provide a catalogue of its holdings that you can access online
- give fair access to our resources to as many of you as possible
- maintain a record of all books on loan to you
- provide an environment suitable for study
- develop policies and services to maintain a Gaelic language library environment for: 1) our students and staff (2) the local community and (3) the wider Gaelic constituency
- treat you with courtesy and respect
- help you develop your information skills
- provide you with up-to-date information about library services on our web pages
- respond to your enquiries made in person, by telephone, in writing or by e-mail
- invite, and respond to, your feedback on our services

### As a user you:

- should abide by the Library regulations
- should familiarize yourself with the Library by attending an induction session or accessing the online tutorial and Library Guide at <http://www.smo.uhi.ac.uk/gd/leabharlann/index.php>
- are responsible for all items borrowed on your card and for knowing when they should be returned
- must return or renew all items on or before the due date, or earlier if asked to do so
- should recognise that our resources are limited and, at times, in high demand
- must never remove material which has not been issued to you or deface or damage any Library stock, equipment or furniture
- are responsible for regularly checking your e-mail and responding to Library notices
- must treat other users and library staff with courtesy and consideration at all times
- should respect that the Library and Complann are study areas and that all noise should be kept to a minimum. Mobile phones must be switched to silent and calls must not be made
- should respect that the Library and Complann are Gaelic language environments for other College students and staff
- should not eat or drink in the Library or Complann
- must abide by copyright law and licensing agreements when using photocopiers, scanners and computers

# Complann

Tha an Complann suidhichte mu choinneimh Leabharlann na Colaiste ann an Àrainn Chaluim Chille. 'S e prìomh ghòireas a th' ann airson sgrùdadh is rannsachadh a dhèanamh.

Anns a' Chomplann gheibh thu:

- 12 choimpiutair
- compiutair airson daoine le feumanan sònraichte
- lèirsinnear
- lethbhreacadair (tha cairtean rin ceannach aig Ionad-Fàilte ACC)

Feumaidh tu Poileasaidh Cleachdaidh na Colaiste a leantail a thaobh laghan dlìghe-sgrìobhaidh agus riaghailtean a thaobh cead nuair a tha thu a' cleachdadh choimpiutairean, lèirsinnearan agus lethbhreacadairean.

'S e àite-obrach a tha anns a' Chomplann agus mar sin dheth, airson dèanamh cinnteach nach eil dragh ga chur air daoine eile, chan eil fònaichean-làimhe cèadaichte. Cha bu chòir cabadaich a bith a' dol idir sa Chomplann ach ma dh'fheumas tu bruidhinn dèan cinnteach gum bruidhinn thu sa Ghàidhlig. Tha biadh is deoch toirmisgte agus cha bhi cead ann geamaichean a chluich air coimpiutairean ma bhios oileanaich eile feumach orra airson an cuid obrach a dhèanamh.

Aig amannan sònraichte bidh an Complann ga chleachdadh mar Ionad-Ionnsachaidh airson chùrsaichean-trèanaidh don luchd-obrach. Aig na h-amannan sin, 's math dh'fhaoidte gum bi an Complann dùinte ach thèid sanas a sgaoileadh air post-dealain aig an àm le tuilleadh fiosrachaidh.

## Computer Room

The Computer Room is situated opposite the College Library at Àrainn Chaluim Chille. It is a primary resource for study and research.

Located within the Computer Room are:

- 12 PCs\*
- a dedicated PC for users with special needs
- scanner
- Photocopier (photocopy cards can be bought at the ACC Reception)

The College's Acceptable Use Policy must be adhered to regarding copyright legislation and license restriction when using computers, scanners and photocopiers.

The Computer Room is to be used for work purposes and therefore, to make sure that others are not disturbed, the use of mobile phones is not permitted. Chatting should be kept to a minimum in the Complann but if you must talk there please make sure that you talk in Gaelic. Eating and drinking are strictly prohibited and the playing of computer games will not be allowed if computers are in demand.

At certain times the Computer Room is used as a base for training courses for staff. At these times the Computer Room may be closed, and an e-mail will be circulated with further details.



## Cuir fios thugainn

### Seòladh:

An Leabharlann  
Arainn Chaluim Chille  
Sabhal Mòr Ostaig  
An Teanga  
Slèite  
An t-Eilean Sgitheanach  
IV44 8RQ

### Àireamhan-fòn:

01471 888447 (Oifis an Leas-Leabharlannaiche)  
01471 888431 (Oifis an Leabharlannaiche)  
01471 888222 (Teicneòlas Fiosrachaidh)  
01471 888000 (Colaiste)

### Seòladh Post-dealain:

An Leabharlann [sm00ll@groupwise.uhi.ac.uk](mailto:sm00ll@groupwise.uhi.ac.uk)  
Teicneòlas-Fiosrachaidh [sm00ict@groupwise.uhi.ac.uk](mailto:sm00ict@groupwise.uhi.ac.uk)